



AINM:

CLAS:

Ìre 4-6 Fileantaich

# An Rathad Dhachaigh

## le Mòrag Mhàrtainn



### Faclair

Leugh an sgeulachd is maids falal/abairt bhon taobh chì ri falal/abairt bhon taobh dheas:

|                   |                                   |
|-------------------|-----------------------------------|
| faochadh          | a' cleachdadh droch chainnt       |
| ùghdarris         | tàireil                           |
| co-fhaireachdainn | furtachd                          |
| cogais            | uisge mòr                         |
| a' mionnachadh    | tugse ann an suidheachadh duilich |
| chaidh i na boil  | cuinnseas                         |
| dile bhàite       | smachd                            |
| fanaideach        | gàire                             |
| plòn              | dh'fhàs i troimh-a-chèile         |



## Ceistean

|     |  |   |
|-----|--|---|
| 1.  | Nuar a thàinig Seonag a-mach às an oifis bha aice ri trèana fhaighinn mus do thog i an càr aice. | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 2.  | Chunnaic i gillean òga a' milleadh a' chàir aice.  | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 3.  | Bha Seonag airson na taidhrichean aice fhèin a chàradh.  | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 4.  | Bha an duine ag iarraidh lioft bhon a chaill e an trèana aige a' càradh càr Seonaig.             | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 5.  | Cha robh an duine airson 's gum faigheadh Seonag grèim air a mhàileid.                           | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 6.  | Bha Seonag den bheachd gun robh an duine eireachdail na choltas.                                 | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 7.  | Bhuail an t-eagal air Seonag nuair a shuidh an dithis aca sa chàr.                               | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 8.  | Bha an duine a' gàireachdainn nuair a dh'fhalbh Seonag às aonais.                                | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 9.  | Bha oidhche bhrèagha ann nuair a bha Seonag a' dràibheadh dhachaigh.                             | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |
| 10. | Bha e follaiseach nuair a dh'fhosgail Seonag am baga gun robh an duine am beachd a murt.         | <input type="radio"/> CEART <input type="radio"/> CEÀRR |

## Sgrìobhadh

Obraich còmhla ri caraid.

Chaidh Seonag gu stèisean-poilis an ath mhadainn airson innse dhaibh dè bha air tachairt rithe agus airson a' mhàileid a shealltainn dhaibh. Sgrìobh sgriobt dràma no sgeulachd ag innse mar a chaidh dhi aig an stèisean-phoilis. Ciamar a bha i a' faireachdainn? An do dh'innse i dhaibh cò ris a bha an duine coltach? An do chreid iad i? An robh fiosrachadh sam bith aig a' phoileas mun duine? Tha e an urra ribh fhèin ciamar a chuireas tu crìoch air an sgeulachd.

## no

Faodaidh sibh an eisimpleir de sgriobt dràma gu h-ìosal a chleachdad. Leugaibh an dealbh-chluich còmhla.

**Aig an Stèisean-phoilis**

- Poileas: (Aig deasg an stèisein) Madainn mhath, dè nì mi dhut?
- Seonag: Tha baga agam an seo a dh'fhàg duine sa chàr agam a-raoir.
- Poileas: Ò, seadh. Dè an t-ainm a th' air an duine?
- Seonag: Umm, chan eil fhios agam.
- Poileas: Carson a bha e sa chàr?
- Seonag: Thug mi lioft dha. Bha e laghach...
- Poileas: Laghach? Tha sin gu math cunnartach.
- Seonag: Tha fhios agam.
- Poileas: Dè an t-ainm a th' ort fhèin? A bheil fhios agad air sin idir?

- Seonag: (crosta) Cha leig sibh a leas a bhith cho fanaideach. Is mise Seonag NicLeòid.  
 Poileas: (a' sgriobhadh) Agus càit a bheil thu a' fuireach?  
 Seonag: Trì Sràid a' Chrùin, Inbhir Pheofharain.  
 Poileas: Agus dè an obair a th' agad?  
 Seonag: Tha mi nam rùnaire ann an oifis ann am meadhan baile Inbhir Nis.  
 Poileas: Cò ris a bha an duine seo coltach?  
 Seonag: Ò, bha e brèagh. Àrd, dorcha, làidir, bàn le aodach spaideil. Bha e car coltach ri cleasaiche ann am film!  
 Poileas: (a' crathadh a chinn) A bheil thu cinnteach gum faca tu an duine seo?  
 Seonag: Ò, chunnaic. Bha e cho gasta. Chuidich e mi agus thug mi lioft dha. An uair sin, chan eil fhios agam dè thachair. Ghabh mi an t-eagal. Bha mi a' faireachdainn neònach. Dh'iarr mi air a dhol a-mach às a' chàr oir bha e doirbh dhomh an càr a għluasad. Mar sin, dh'fhalbh mi aig peilear mo bheatha a-mach às a' phàirc-chàraichean.  
 Poileas: Dh'fhàg thu e na sheasamh sa phàirc-chàraichean?  
 Seonag: Dh'fhàg agus bha dìle bhàite ann. Cha robh e toilichte idir.  
 Poileas: Agus dè thachair an uair sin?  
 Seonag: An uair sin, bhuail e orm gun robh am baga fhathast agam. Sheall mi sa bhaga agus lorg mi dealbh dhiom fhìn agus ròpa agus gunna agus miotagan. Bha e a' dol gam mhurt  
 (a' caoineadh). Tha mi duilich. Tha mi fhathast troimh-a-chèile.  
 Poileas: Tha thu nad bhoil. Suidh sìos agus gheibh mi cupa tì dhut.  
 (Tha am poileas a' falbh agus a' tilleadh an ceann greis le cupa tì.)  
 Poileas: Tha deagh naidheachd agam dhut, a Sheonag.  
 Seonag: (A' seasamh) A bheil fhios agad idir cò an duine seo?  
 Poileas: Tha, gu dearbh. Nach do rinn e an aon rud a-rithist aig meadhan-oidhche a-raoir?  
 Tha sinn deimhinne gur e an aon duine a bhios ann. Na gabh dragh! Tha e sa phrìosan. 'S e Antony Caimbeul an t-ainm a th' air. Duine cunnartach dha-rìribh.  
 'S e faochadh a tha sin. Cha do chaidil mi idir a-raoir.  
 Poileas: Caidlidh tu a-nochd, ma-thà. Rinn thu math. Cha chuir e dragh air boireannaich òga tuilleadh.  
 Seonag: Mòran taing.  
 Poileas: Mile taing dhut fhèin. Cuimhnich a-nise, na toir lioft do dhuine sam bith air nach eil thu eòlach.  
 Seonag: Gu cinnteach, cha dèan mi sin a-rithist. Ach, bha e cho snog.  
 Poileas: Na bi a' smaoineachadh air tuilleadh. Thalla dhachaigh agus gabh air do shocair a-nise.  
 Seonag: Nì mi sin. Mar sin leibh. Mòran taing, (a' coimhead air a bhraidse-ainm) a Chonstabail Chaimbeil (Tha Seonag a' falbh.)  
 Poileas: Boireannach gòrach eile. (a' fosgladh na màileid, a' cur air na miotagan is a' togail a ghunna) Nise, tri Sràid a' Chrùin, an tuirt i? Cha dèan i sin air mo bhràthair tuilleadh. Gheibh thu cadal math a-nochd a Sheonag, ha, ha, ha...



*Dh'fhàs a sùilean na bu mhotha 's chan fhaigheadh i air a h-anail a tharraing.*